



Leasan 4: Oifigeach Dubh Bhaile a' Chròthain

1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/6243>

2. Gnìomhan do Sgoilearan

a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdadh nam faclan agad fhèin. Anns an earrainn seo, tha Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach, à Uibhist a Tuath, ag innse naidheachd do Choinneach MacIomhair (BBC) air Prògram Choinnich, mu dheidhinn Oifigeach Dubh Bhaile a' Chròthain agus rudan annasach ceangailte ris a thachair ann an sgìre Bhàideanach.

1. Dè tha Coinneach ag ràdh mu dheidhinn nan sgeulachdan aig Dòmhnall Eairdsidh?
2. Cuin a thachair an sgeulachd seo?
3. Tha Dòmhnall a' toirt seachad dà adhbhar a dh'fhàgadh 'An t-Oifigeach Dubh' air. Ainmich iad.
4. Ciamar a bhiodh an t-Oifigeach Dubh a' mealladh fhear òga le tastan an rìgh?
5. Dè thachair do thòrr den òigrìdh a bha air am mealladh aig an Oifigeach Dhubh?
6. Càit a bheil Monadh Ghàdhaig, far an robh bothan-seilge an Oifigich Dhubh?
7. Carson a tha Dòmhnall Eairdsidh ga cheartachadh fhèin mun bhothan?
8. Dè chuala na daoine a bha am broinn an taighe air an oidhche stoirmeil?
9. Bliadhna às dèidh làimhe, thill an t-Oifigeach Dubh agus ceathrar chàirdean a Mhonadh Ghàdhaig. Carson nach do dh'fhalbh an còigeamh fear?
10. Dè tha a' dearbhadh gun robh fìor dhroch stoirm ann?
11. Nuair a ràinig fear às an àite far an robh am bothan cha robh sgeul air. Dè an dà rud a-mhàin a lorg e?

12. Thill esan le barrachd dhaoine. Càit an do lorg iad cuid de na cuirp?
13. Cò ris a bha na mairbh coltach?
14. Dè bha neònach mu dheidhinn corp an Oifigich Dhuibh?
15. Ciamar a fhuair iad fuasgladh air an trioblaid neònaich seo le corp an Oifigich Dhuibh?
16. Dè an ath rud neònach a thachair nuair a bha iad a' siubhal dhachaigh?
17. Dè am fianais a th' againn gun do dh'fhàs an sgeulachd ainmeil?
18. Dè tha follaiseach, a rèir Choinnich?
19. Dè tha Dòmhnall Eairdsidh ag ràdh mu choin agus eich? Dè tha sin a' ciallachadh?
20. Dè a' cheist a tha air Coinneach mu dheidhinn sgeulachdan?
21. Dè tha Dòmhnall Eairdsidh ag ràdh mu dheidhinn seann daoine?

b. Ealain

(i) Dèan rannsachadh air beatha Iain Mhic a' Phearsain agus sgrìobh eachdraidh-beatha an duine. A bheil e airidh air an droch chliù a bha aige? Cleachd dealbhan agus mapaichean airson am postair a shoilleireachadh.

(ii) Dèan ath-sgrìobhadh air sgeulachd Ghàdhaig. Cò an neach-aithris? Ciamar a tha iad a' faireachdainn? Ciamar a bha iad eòlach air an Oifigeach Dhubh? Dè thachair aig Gàdhaig, nam beachd? An e maoin-sneachda àbhaisteach a bh' ann? An e rud òs-nàdarrach a bh' ann? A bheil mìneachadh eile ann? Cleachd do mhac-meanmna. Tha an sgeulachd air innse ann an dòighean diofraichte. Dè an tionndadh as fheàrr leat?

3. Stuthan Taic

a. Briathrachas

Bàideanach – sgìre anns a' Ghàidhealtachd, far a bheil Ceann a' Ghiùthsaidh, Baile Ùr an t-Slèibh, an Aghaidh Mhòr is eile

pearsa (iomarra: pearsachan) – neach

daithearra – dorcha

cumhachdan an Dorchadais – cumhachdan olc an Diabhail (faic An Donas anns na notaichean) **oillteachadh** – uabhasachadh, a' gabhail eagail mhòir

a dheòin no a dh'aindeoin – co-dhiù a tha [iad] air a shon gus nach eil

tastan – seann bhonn airgid, luach còig sgillinn ann an airgead an latha an-diugh

dh'fhiathaicheadh e – bheireadh e cuireadh

gus am biodh deagh smùid air – gus am biodh an deoch air
gu riochdail – dha-rìribh, gu deimhinne
press gang – buidheann a bhiodh a’ toirt dhaoine am bruid agus a’ toirt orra a dhol dhan arm no dhan nèibhidh
mallachd (iomarra: mallachdan) – iarrtas/guidhe gun tachair rudeigin dona do chuideigin
bantrach (iomarra: bantraichean) – cuideigin a bha pòsta aig neach eil beò tuilleadh
miadhail – dèidheil, measail
air a dheagh chlachaireachd – air a dheagh thogail
aognaidh – eagalach
sgreann – coltas glè mhì-thoilichte
bacadh – a’ cur dàil ann an cùis, a’ stad, a’ casg
ceunda – ceudna
ròs – fios
citheachan – cathadh
adharc-fhùdrais – uidheam anns am bite a’ cumail fùdar airson gunna
coltas an aog – coltas a’ bhàis
coltas an aoig – coltas a’ bhàis/coltas an eagail
closach (iomarra: ciosaichean) – corp marbh, air a chleachdadh mar as trice airson bheathaichean
lunn (iomarra: lunnan) – eislinn, eileatrom
gun do shìolaidh – gun do shocraich
taibhsear (iomarra: taibhsearan) – cuideigin no beathach aig a bheil an dà-shealladh
for – fios, tuigse

b. Geàrr-chunntas

Tha Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach ag innse sgeulachd à Bàideanach. Bha fear ann, Iain Mac a’ Phearsain, a bha na chaipitean san arm, agus ’s e an t-Oifigeach Dubh a bh’ aca air. Chanadh feadhainn gun d’ fhuair e an t-ainm a chionn ’s gun robh e dorcha na choltas, ach chanadh cuid eile gun robh e na fhìor dhroch dhuine, ’s gun robh e air fhèin a reic ris an Diabhal.

Bha cogaidhean Napoleon a’ dol aig an àm. Bha an t-Oifigeach meallta sna dòighean a bhiodh e a’ glacadh fhear òga airson an airm, a’ cur airgead an rìgh nam pòcaid an aghaidh an toil. Bha gràin aig na daoine air.

Bhiodh an t-Oifigeach a’ dol a shealg cuide ri feadhainn eile air a’ mhonadh. Aon oidhche, bha iad san taigh-sheilg. Thàinig neach neònach air choreigin a bhruidhinn ris, ag ràdh: “Seo an oidhche.” Ach thuirt an t-Oifigeach nach b’ e, agus gun robh bliadhna eile aige. Thill iad dhachaigh.

An ath bhliadhna chaidh a’ bhuidheann air ais. Bha stoirm ann. Chaidh feadhainn a-mach a choimhead airson nan sealgairean, ach cha robh sìon air fhàgail den bhothan ach an làrach, agus fhuair iad na cuirp air an sgapadh gu farsaing mu chuairt air, ’s iad air an droch mhilleadh agus coltas an uabhais orra.

Thog iad na cuirp, ach cha b’ urrainn dhaibh corp an Oifigich a thogail an toiseach, gus an tug iad leotha e “ann an ainm an Droch Fhir”.

Tha an sgeulachd seo anns an leabhar ‘The Highlands’, a sgrìobh Calum MacIllEathain.

c. Fiosrachadh mun Donas

Anns an earrainn, tha grunn fhaclan airson an Donais a’ nochdadh: an Sàtan, an Donas, an Diabhal, an Droch Fhear, an Dorchadas, agus an Droch Spiorad.

Tha pailteas de dh’ainmean eile ann air a shon. Seo na bhios a’ nochdadh air faclair.com: am Fear Mòr Fhèin, am Fear nach Abair Mi, Dòmhnall Dubh, Mac-mallachd, am Fear-millidh, am Mac Mallachaidh, am Braidean, Mac an Riabhaich, an t-Àbharsair, agus am Fear as Miosa.

Chan eil cuid de dhaoine cofhurtail ann a bhith ga ainmeachadh idir! Mar a thuirt an seanfhacal: “Thig an Donas ri iomradh!”

Bha daoine a’ creidsinn gu mòr anns an Donas agus mar a bhiodh e ag obair anns an t-saoghal. Bhiodh iad a’ gabhail eagail mòr ron Donas agus bhiodh iad a’ gabhail ùrnaigh agus a’ dèanamh iomadh rud saobh-chràbhach gus nach biodh iad fo chumhachd-san. Bhiodh iad ag ràdh gum biodh e coltach ri droch fhear tana, ach le crobhain sgaoilte an àite chasan. Tha mòran sgeulachdan ann mu dheidhinn.

4. Fiosrachadh Eile

a. Am Fiosraiche

Rugadh Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach ann an 1929 ann an sgìre Sholais, Uibhist a Tuath. Bha teaghlach athar air a bhith ann an Uibhist còrr is 200 bliadhna; b’ ann à Gallaibh a bha cuideachd a mhàthar agus dh’fhàs e suas ann an dachaigh dà-chànanach. Coltach ri cho-aoisean, b’ fheudar dha an t-eilean fhàgail airson foghlam àrd-ìre fhaighinn, agus chaidh e gu Àrd-sgoil Phort Rìgh san Eilean Sgitheanach. An dèidh sin chaidh e gu Oilthigh Dhùn Èideann, far an do cheumnaich e le ceum ann am Beurla ann an 1953 agus ann an Ceiltis ann an 1955. An dèidh dha ùine a chur seachad ag obair aig Register House agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, fhuair e obair aig Sgoil Eòlais na h-Alba, obair a thug tlachd mhòr dha. Bha ùidh shònraichte aige ann am beul-aithris agus sgeulachdan, agus ann an 1966 chuir e Tasglann nan Sgeul air bhonn, goireas rannsachaidh taobh a-staigh Tasglann Fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba. Bha e fhèin agus Alan Bruford ag obair air an iris ‘Tocher’ agus bhiodh iad ga dheasachadh eatarra airson iomadh bliadhna.

Bha Dòmhnall Eairdsidh ag obair aig an Sgoil bho 1962 gus an do leig e dheth a dhreuchd ann an 1994. Bha diofar dhreuchdan aige thar nam bliadhnaichean – bha e na fhear-rannsachaidh, neach-teagaisg, oidiche agus stiùiriche aig an Sgoil. Eadar na 1950an agus 1990an chruinnich e còrr is 800 clàr-fuaim. Tha an cruinneachadh luachmhor seo aig an Sgoil.

b. Ceanglaichean

Tha barrachd fiosrachaidh aig a’ BhBC:

http://www.bbc.co.uk/scotland/alba/radio/cuairtean/baideanach/call_gadhaig.shtml

Tha clàradh eile aig Beathag Stiùbhart (1885-1972) mu Chall Ghàdhaig. Rugadh agus thogadh Beathag ann an Achadh na Cairidh. B' e post a bh' innte.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/56016/1>

Rinneadh òran mu Chall Ghàdhaig agus tha Teàrlach Camshron (1896-1970) ag innse mu dheidhinn sa chlàradh seo. Rugadh Teàrlach anns an Lèanachan 's bha e a' fuireach ann an Drochaid an Aonachain. B' e neach-sgrùdaidh airson an H.E.B. a bh' ann.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/50433/1>

Tha Leagsaidh Chaimbeul (1894-1986) a' bruidhinn mu dheidhinn na sgeulachd cuideachd. Rugadh Leagsaidh ann an Gleann Peathain agus bha i a' fuireach anns a' Cheapaich. B' e neach-taighe a bh' innte.

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/55552/1>

Tha earrann aig Anndra Wiseman ann an Transactions of the Gaelic Society of Inverness mu dheidhinn Call Ghàdhaig:

[https://www.academia.edu/430321/ Call Ghàdhaig ann am Ficsean is ann am Fìrinn](https://www.academia.edu/430321/Call_Ghàdhaig_ann_am_Ficsean_is_ann_am_Fìrinn)

5. Freagairtean

Tidsearan: cuiribh post-d gu dualchas@smo.uhi.ac.uk gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasan air fad fhaighinn.

